



Teisteanais
Nàiseanta
2017

X772/75/11

Eachdraidh

DIMÀIRT, 9 CÈITEAN

1:00 F – 2:45 F

Comharran gu lèir — 60

ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA — 20 comharra

Feuch AON phàirt.

ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN — 20 comharra

Feuch AON phàirt.

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 20 comharra

Feuch AON phàirt.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



* X 7 7 2 7 5 1 1 *

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA

PÀIRTEAN

- B. Màiri, Banrigh na h-Alba, agus an t-Ath-leasachadh ann an Alba, 1542–1587 **Duilleag 04**
- E. Linn a’ Chiad Chogaidh Mhòir, 1900–1928 **Duilleag 05**

ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN

PÀIRTEAN

- C. Malairt Atlantaigeach nan Tràillean, 1770–1807 **Duilleag 06**
- D. Breatainn ag atharrachadh, 1760–1914 **Duilleag 07**

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL

PÀIRTEAN

- C. Na Stàitean Aonaichte, 1850–1880 **Duilleag 08**
- D. Hitler agus a’ Ghearmailt Nadsaidheach, 1919–1939 **Duilleag 10**
- E. A’ Bhratach Dhearg: Lenin agus Ar-a-mach na Ruis, 1894–1921 **Duilleag 12**
- G. Saor mu dheireadh? Còraichean Catharra sna SA, 1918–1968 **Duilleag 14**

Pàirt B — Màiri, Banrigh na h-Alba, agus an t-Ath-leasachadh ann an Alba, 1542–1587

Freagair na ceithir ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh bho na stòran far a bheil sin iomchaidh.

5. Mìnich na h-adhbharan a bha aig Màiri, Banrigh na h-Alba, airson Alba fhàgail agus a dhol dhan Fhraing ann an 1548. 5
6. Thoir cunntas air na nithean a dh'adhbharaich gun tàinig Alba gu bhith na dùthaich Phròstanach ann an 1560. 5

Tha **Stòr A** à leabhar a sgrìobh eachdraiche bhon latha an-diugh ann an 2013.

Stòr A

An oidhche a chaidh Darnley a mharbhadh, dhùisg a h-uile neach san lùchairt air sgàth fuaim mòr a thug criothnachadh air an àite gu lèir. Dh'fhaighnich Màiri dè an canan a bha a' losgadh oir bha i an dùil gun robh iad fo ionnsaigh. Ach cha robh fios aig duine dè bha a' tachairt. Bha daoine air feadh a' bhaile a' ruith a-mach a dh'fhaicinn dè an tuabaist uabhasach a bha air tachairt. Cha b' urrainn na daoine a bha a' fuireach ann an Kirk o' Field a chreidsinn nuair a chunnaic iad an taigh san robh robh Darnley a' fuireach, oir bha e a-nis na sprùilleach.

7. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air bàs Darnley ann an 1567. 5
(Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

Tha **Stòr B** a' toirt cunntas air na nithean a thachair co-cheangailte ri Màiri, Banrigh na h-Alba, agus a thug oirre an crùn a leigeil dhith ann an 1567.

Stòr B

Ghabh mòran de dh'uaislean na h-Alba uabhas gun do phòs Màiri Iarla Bhothwell. Chuir cuid de na h-uaislean Pròstanach romhpa a dhol an aghaidh Màiri agus Bothwell, agus nam measg bha a leth-bhràthair, Iarla Mhoireibh. Chruinnich na h-uaislean Pròstanach feachd, agus rinn Màiri agus an duine aice an aon rud. Choinnich an dà fheachd aig Carberry air 15mh Ògmhios 1566. Thuir na h-uaislean gun tarraingeadh iad air ais nan toireadh Màiri suas Bothwell ach dhiùlt i. Theich Bothwell dhan Danmhairg agus thug Màiri i i fhèin suas do dh'uaislean na h-Alba.

8. Dè cho slàn 's a tha **Stòr B** a' mìneachadh nan nithean a thachair co-cheangailte ri Màiri, Banrigh na h-Alba an crùn a leigeil dhith? (Cleachd an stòr agus d' fhiosrachadh fhèin gus tighinn gu co-dhùnadh.) 5

[A-nis theirig gu ROINN 2 a' tòiseachadh air Duilleag 06]

Freagair na ceithir ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

17. Sgrìobh cunntas air an t-suidheachadh a bha aig saighdearan Albannach anns na trainnsichean. 5
18. Mìnich na h-adhbharan a dh'fhàg gun do thòisich raiseanadh aig àm a' Chogaidh Mhòir. 5

Tha **Stòr A** a' toirt cunntas air mar a dh'atharraich beatha nam boireannach aig àm a' Chogaidh Mhòir.

Stòr A

B' e àm cudromach do bhoireannaich a bha anns a' Chogaidh Mhòr. Tha seo air sgàth 's gun tug e cothrom do bhoireannaich iad fhèin a dhearbhadh ann an comann-sòisealta far an robh buaidh mhòr aig na fireannaich, agus iad a' dèanamh barrachd na bhith a' glanadh an taighe agus a' coimhead às dèidh na cloinne. Bhon a bha uiread de fhìreannaich a' dol don chogadh, bha beàrn mòr ann an obraichean. Mar sin chaidh boireannaich a dh'obair an àite nam fireannach. Chaidh Feachd Rìoghail Adhair nam Ban (Women's Royal Air Force) a stèidheachadh, agus bha mòran boireannach ag obair air na plèanaichean mar mheacanaigean. Bha boireannaich cuideachd an sàs ann an obair air nach eil sinn cho eòlach leithid a bhith a' reic urrasan cogaidh.

19. Dè cho slàn 's a tha **Stòr A** a' toirt cunntas air mar a dh'atharraich obair nam boireannach aig àm a' Chogaidh Mhòir? (Cleachd Stòr A agus d' fhiosrachadh fhèin.) 5

Tha **Stòr B** air a thogail à leabhar-sgoile a sgrìobh eachdraiche bhon latha an-diugh ann an 1989.

Stòr B

Thug an Cogadh Mòr buaidh mhòr air gnìomhachas an iasgaich ann an Alba. Ann an 1919 bha na ceudan de bhàtaichean-iasgaich, a bha ag obair don Chabhlach Rìoghail, air ais a-rithist airson a dhol a dh'iasgach. Bha e a' ciallachadh gun robh barrachd bhàtaichean às dèidh na h-aon uiread de dh'iasg. Bha mòran de na bàtaichean nach robh a' dèanamh airgead gu leòr airson fuireach sa ghnìomhachas. Cuideachd, bha e fada na bu dorra iasg a reic. Ron chogadh bha a' chuid bu mhotha den sgadan a bha air a ghlacadh ga reic ris a' Ghearmailt agus ris an Ruis.

20. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr B** mar fhianais air a' bhuidh a bha aig a' Chogadh Mhòr air gnìomhachasan na h-Alba. 5
- (Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN — 20 comharra

Pàirt C — Malairt Atlantaigeach nan Tràillean, 1770–1807

Freagair na trì ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

27. Dè an ìre chun an robh e fìor gum b' e barrachd cosnaidh a' phrìomh bhuannachd a thug malairt nan tràillean a Bhreatainn? 8

(Feumaidh tu d' fhiosrachadh fhèin a chleachdadh airson **cunntas cothromach** a sgrìobhadh air a' bhuidh a bha aig diofar fhactaran agus tighinn gu **co-dhèidh** reusanta.)

28. Minich na h-adhbharan air an tug malairt nan tràillean droch bhuidh air eileanan a' Charibbean. 6

Tha **Stòr A** à òraid a rinn William Wilberforce ann an Taigh nan Cumantan air 12 Cèitean 1789 airson cur-às do thràilleachd.

Stòr A

Feuch ri smaoinichadh air 600 de na truaghain seo air an ceangal nan dithisean le sèinneachan. Tha adhbrann dheas aon neach ceangailte ri adhbrann chli neach eile le sèinne bheag iarainn. Tha na tràillean cho truagh a bhith a' fàgail na dùthcha aca, agus gum bi iad a' seòladh air an oidhche, gun fhios aca gu bheil iad air fàgail. Mar eacarsaich, feumaidh na truaghain seo, le cuideam nan sèinneachan orra agus a' fulang le tinneas, dannsa a dhèanamh no thèid an cuipeadh.

29. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais a chleachd an fheadhainn a bha airson cur às do thràilleachd gus argamaid a dhèanamh an aghaidh malairt nan tràillean. 6

(Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

[A-nis theirig gu ROINN 3 a' tòiseachadh air Duilleag a 08]

ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN — 20 comharra

Pàirt D — Breatainn ag atharrachadh, 1760–1914

Freagair na trì ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

30. Dè an ìre chun an robh dìth uisge glan na phrìomh adhbhar airson droch shlàinte anns na bailtean anns an naoidheamh linn deug? 8

(Feumaidh tu d' fhiosrachadh fhèin a chleachdadh airson **cunntas cothromach** a sgrìobhadh air a' bhuaidh a bha aig diofar **co-dhùnadh reusanta**.)

Tha **Stòr A** à earrann bho Achd nam Factaraidhean a thug an riaghaltas a-steach ann an 1833.

Stòr A

- Chan fhaod clann fo aois 9 a bhith ag obair ann am muilnean aodach fichte
- Chan fhaod clann 9–13 a bhith ag obair barrachd air 8 uairean gach latha
- Chan fhaod clann 14–18 a bhith ag obair barrachd air 12 uair gach latha
- Chan fhaod clann fo 18 a bhith ag obair air an oidhche
- Bidh cead aig luchd-sgrùdaidh nam factaraidhean a dhol a-steach do mhuilnean obair-fichte gus na riaghailtean sin a chur an gnìomh

31. Dèan measadh air dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air na dòighean anns an robh an suidheachadh-obrach ann am factaraidhean air fàs nas fheàrr ann an 1900. 6

(Is dòcha gum bi thu airson iomradh a thoirt air cò sgrìobh e, cuin a chaidh a sgrìobhadh, carson a chaidh a sgrìobhadh, dè tha e ag innse no dè nach eil e ag innse.)

32. Mìnich na h-adhbharan airson mar a dh'fhaillich e air na Chartists na h-amasan aca a choileanadh. 6

[A-nis theirig gu ROINN 3 a' tòiseachadh air Duilleag a 08]

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 20 comharra

Pàirt C — Na Stàitean Aonaichte, 1850–1880

Freagair na ceithir ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha **Stòran A** agus **B** mun dòigh a bhathar a' dèiligeadh ri tràillean air na Planntachasan a Deas.

Stòr A

Thug planntair a' chotain dhomh feòil agus aran còmhla ris na tràillean eile, ach cha robh dara leth na dh'fheumainn ann airson a bhith beò. Bhiodh e ga mo chuipeadh cha mhòr a h-uile latha. Bhiodh e ga mo chur a dh'obair gun lèine, ann an achadh a' chotain, nuair a bha a' ghrian uabhasach teth. Nuair a theicheas tràill, bidh siostam cuipidh a' mhaighstir daonnan a' fàs nas cruaidhe. Nuair a chaidh breith orm, chaidh mo chuipeadh gu dona agus fhuair mi ceud sràc gach turas.

Stòr B

'S e sràcadh, slaiceadh, agus ann an cuid de shuidhichidhean na bu mhiosa, crochadh, na dòighean àbhaisteach air tràillean a pheanasachadh. A bharrachd air na slaicean, cha robh tràillean a' faighinn de bhiadh ach cho beag 's a dh'fheumadh iad airson an cumail beò. Bha cuid de thràillean air am peanasachadh le bhith gan ceangal ri craobhan air a' phlanntachas, glè thric ann an teas uabhasach na grèine. Ach bha cuid de na maighstirean a' dèiligeadh ris na tràillean ann an dòigh na b' fheàrr.

44. Dèan coimeas air na beachdan ann an **Stòran A** agus **B** mun dòigh anns an robhar a' dèiligeadh ri tràillean air na Planntachasan a Deas. (Dèan coimeas air na stòran san fharsaingeachd agus/no gu mionaideach.)

Tha **Stòr C** mu na h-adhbharan airson gun do bhris an ceann a Deas air falbh ann an 1861.

Stòr C

Carson a bhris stàitean sa Cho-bhanntachd air falbh? A rèir cuid de sgrìobhadairean, bhris iad air falbh gus nach tigeadh na cìsean mòra orra a bha iad den bheachd a thigeadh nam buannaicheadh na Poblachdaich an taghadh. B' e am prìomh adhbhar airson briseadh air falbh gun robh na daoine sa cheann a Deas a' faireachdainn gur e coimhearsnachd air leth a bha annta. Cha bu toigh leotha na nàbaidhean aca sa cheann a Tuath, agus bha barrachd is barrachd gràin aca orra, agus bha barrachd is barrachd eagail orra romhpa. Bha daoine sa cheann a Deas cuideachd a' faireachdainn gum biodh barrachd buannachd ann dhaibh briseadh air falbh na fuireach san aonadh.

- | | | |
|-----|--|----------|
| 45. | Dè cho slàn 's a tha Stòr C a' mìneachadh nan adhbharan airson mar a bhris na stàitean a Deas air falbh ann an 1861? (Cleachd Stòr C agus d' fhiosrachadh fhèin.) | 6 |
| 46. | Sgrìobh cunntas air na bha am Freedmen's Bureau a' dèanamh. | 5 |
| 47. | Mìnich na h-adhbharan airson na còmhstri a bha eadar na daoine geala agus Tùsanaich Ameireaga. | 5 |

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 20 comharra

Pàirt D — Hitler agus a' Ghearmailt Nadsaidheach, 1919–1939

Freagair na ceithir ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

48. Sgrìobh cunntas ag innse carson a bha Adolf Hitler cho tarraingeach do mhòran de na Gearmailtich eadar 1929 agus 1933. 5

Tha **Stòran A** agus **B** mu dheidhinn Oidhche nan Sgeinean Fada ann an 1934.

Stòr A

Air an oidhche 29–30 An t-Ògmhios, chuir aonadan den SS an grèim dithis cheannardan den SA a bharrachd air dùbhланаich phoilitigeach. Lean seo air adhart fad dà oidhche. Chaidh 77 fireannaich gu lèir a chur gu bàs fo chasaid brathaidh. Chaidh peilear a chur ann an Ròhm agus chaidh feadhainn eile a shràcadh gu bàs. Chaidh an SA a chur fo smachd an airm. Thug a h-uile duine a bha san arm bòid dìlseachd do Hitler.

Stòr B

Thug buill den SS ionnsaigh air taigh-òsta far an robh an SA air cruinneachadh. Shlaod iad Ròhm agus a luchd-taic às an leabaidh agus chaidh an cur an grèim. Chaidh cuid dhiubh a chur gu bàs san spot. Chaidh Ròhm a chur do phrìosan ann am Munich, còmhla ri ceannardan eile den SA, agus bha aige ri fuireach an sin gus an cluinneadh e a' bhinn. Chaidh cothrom a thoirt dha peilear a chur ann fhèin, ach cha do ghabh e an cothrom. Chaidh oifigear den SS a-steach don chealla aige agus mharbh e Ròhm dìreach far an robh e.

49. Dèan coimeas air na beachdan ann an **Stòran A** agus **B** mu na thachair Oidhche nan Sgeinean Fada. (Dèan coimeas air na stòran san fharsaingeachd agus/no gu mionaideach.) 4
50. Mìnich na h-adhbharan airson nach robh dùbhlanaich èifeachdach anns a' Ghearmailt Nadsaidheach eadar 1933 agus 1939. 5

Tha Stòr C mu poileasaidhean foghlaim nan Nadsaidhean.

Stòr C

Bha foghlam uabhasach cudromach ann an Gearmailt nan Nadsaidhean. Bha na sgoiltean a' feuchainn ri luchd-taic dìleas a thogail do Hitler. Ann an Cruinn-eòlas, bha sgoilearan ag ionnsachadh mun fhearann a chaill a' Ghearmailt ann an 1919 airson gun tuigeadh iad carson a bha feum air barrachd fearainn airson àitichean-fuirich. Dh'fheumadh sgoilearan ionnsachadh mu losgadh-ghunnachan a bharrachd air togail dhrochaidean agus a' bhuaidh aig gasaichean puinnseanta. Bha curraicealam eadar-dhealaichte aig na nigheanan oir bha iad a' dèanamh Eaconamas Dachaigh agus Eòlas Chinnidhean. Bha an dà chuspair sin ag ullachadh nighean gu bhith na sàr bhean agus na sàr mhàthair.

51. Dè cho slàn 's a tha Stòr C a' mìneachadh poileasaidhean foghlaim nan Nadsaidhean? (Cleachd Stòr C agus d' fhiosrachadh fhèin.)

6

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 20 comharra

Pàirt E — A' Bhratach Dhearg: Lenin agus Ar-a-mach na Ruis, 1894–1921

Freagair na ceithir ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

52. Thoir cunntas air na thachair air Dòmhnach na Fala (Bloody Sunday) san Fhaoilleach 1905.

5

Tha **Stòr A** mu leasachaidhean Stolypin.

Stòr A

Mean air mhean, rinn riaghaltas Stolypin grunn leasachaidhean eaconamach agus sòisealta anns an Ruis. Thug e òrdan do na Zemstvos leudachadh mòr a thoirt air seirbheisean slàinte anns na roinnean. Ann an 1912 chaidh siostam àrachas slàinte a stèidheachadh do luchd-obrach. Bha e na amas gum biodh foghlam coitcheann, reachdail ann agus bha an riaghaltas air 50,000 bun-sgoil a bharrachd a stèidheachadh. Bha iad sin air an ruith agus air am maoineachadh leis na Zemstvos. Bha leudachadh cuideachd ann an àrd-sgoiltean agus ann an ionadan foghlaim aig àrd-ìre.

53. Dè cho slàn 's a tha **Stòr A** a' mìneachadh na buaidh a bha aig leasachaidhean Stolypin? (Cleachd **Stòr C** agus d' fhiosrachadh fhèin.)

6

54. Mìnich na h-adhbharan a thug air an Tsar Nicholas II an crùn a leigeil dheth anns a' Mhàrt 1917.

5

Tha Stòran B agus C mu Chogadh Catharra na Ruis.

Stòr B

Bha na sgìrean a bha aig na Bolsheviks nam buannachd mhòr dhaibh — bhon a bha smachd aca air sgìrean meadhain, bha sin a' ciallachadh gun robh na loidhneachan solair agus conaltraidh aca na bu ghiorra. Ach bha feachdan nan Whites a' sìneadh a-mach air feadh oirean na Ruis gu lèir — Siberia, na crìochan an iar agus sìos a' Volga sa cheann a Deas. Bha na Bolsheviks air an ullachadh na b' fheàrr gus na feachdan aca a ghluasad agus gus stòrasan fhaighinn. An coimeas ris an sin, bha na Whites mì-rianail ann an sabaid. Mu dheireadh, b' e na Bolsheviks a bhuannaich.

Stòr C

Aig àm a' Chogaidh Chatharra, dh'fhuiling daoine san Ruis gu mòr. Chaidh teaghlaichean a sgaradh bho chèile agus chaidh an t-uabhas a leòn. B' e na Bolsheviks a bhuannaich an Cogadh Catharra oir bha iad air an deagh ullachadh agus bha deagh smachd orra. An coimeas ris an sin bha na Whites mì-rianail, agus cha robh iad air chomas na feachdan aca a ghluasad ceart no an stiùireadh. Bha fearann na b' fheàrr aig na Bolsheviks agus bha comas aca air faighinn gu na loidhneachan-rèile airson nan loidhneachan solair agus conaltraidh aca.

55. Dèan coimeas air na beachdan ann an **Stòran B** agus **C** mu na h-adhbharan gun do bhuannaich na Bolsheviks an Cogadh Catharra. (Dèan coimeas air na stòran san fharsaingeachd agus/no gu mionaideach.)

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 20 comharra

Pàirt G — Saor mu dheireadh? Còraichean Catharra anns na SA, 1918–1968

Freagair na **ceithir** ceistean a leanas a' cleachdadh d' fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha **Stòran A** agus **B** a' toirt cunntas air na bha an Ku Klux Klan a' dèanamh.

Stòr A

Chuireadh an Klan eagal mòr air daoine leis an aodach gheal a bha mun cinn — 's ann a bha iad coltach ri taibhsean! Bhiodh iad ag èaladh mun cuairt air an oidhche nuair a bhiomaide, na daoine dubha, san leabaidh. Thuir m' athair rium a bhith cinnteach an seachnadh. Thuir e gum biodh an Klan a' ceangal nan daoine dubha air am beireadh iad agus gan sràcadh. Bhiodh iad an uair sin a' fàgail nan daoine sin len làmhan ceangailte os an cionn agus an fhuil a' sruthadh às na lotan aca.

Stòr B

Thàinig an Klan chun an taighe agam mu dheich uairean. Bha mi nam chadal san leabaidh aig an àm. Leum mi suas, chaidh mi chun an dorais agus choimhead mi a-mach. Cho fad' 's a chithinn, bha breug-riochd orra, le siotaichean geala air an cinn. Thàinig fir a' Khlàn a-steach, agus nuair a bhruidhinn mi, rug iad orm. Thug iad a-mach dhan ghàrradh mi agus bhuail iad mi trì tursan sa cheann le daga.

60. Dèan coimeas air na beachdan ann an **Stòran A** agus **B** mu na bha an Ku Klux Klan a' dèanamh. (Dèan coimeas air na stòran san fharsaingeachd agus/no gu mionaideach.)

Tha **Stòr C** mu dheidhinn mar a dh'fhàs gluasad nan còraichean catharra an dèidh 1945.

Stòr C

Nuair a bha saighdearan thall thairis san Dara Cogadh, chuir iad eòlas air comann-sòisealta san robh barrachd co-ionannachd, agus bha iad airson sabaid an aghaidh leth-bhreith nuair a thill iad. Anns na bliadhnachan an dèidh a' chogaidh, thòisich an iomairt gus co-ionannachd fhaotainn do dhaoine dubha air fàs. Bha barrachd foghlaim aig Ameireaganaich Dhubha na bha aig na ginealaich romhpa, agus mar sin bha e na b' fhasa dhaibh cur an aghaidh leth-bhreith. Nuair a shoirbhich le Boycott Busaichean Mhontgomery, bha daoine eile air am brosnachadh gu dhol an sàs san t-sabaid airson chòraichean catharra. Bhrosnaich neach-iomairt nan còraichean catharra, Martin Luther King, daoine eile gu dhol an sàs ann iomairt nan còraichean catharra.

- | | | |
|-----|---|---|
| 61. | Dè cho slàn 's a tha Stòr C a' mìneachadh nan adhbharan airson gun robh fàs ann an iomairt nan còraichean catharra an dèidh 1945? (Cleachd Stòr C agus d' fhiosrachadh fhèin.) | 6 |
| 62. | Thoir cunntas air na thachair ann an Àrd-sgoil a' Mheadhain, ann an Little Rock, Arkansas ann an 1957. | 5 |
| 63. | Mìnich na h-adhbharan airson gun do thòisich ùpraidhean cinnidh anns na ghettos ann am mòr-bhailtean a' Chinn a tuath sna 1960an. | 5 |

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO